

---

---

**MATHAS**

---

---

**SEIRBHEIS**

---

---

IÙL FRÈAM ÌRE  
MATHAIS SHEIRBHEISEAN  
ALBA CHRUTHACHAIL



ALBA | CHRUTHACHAIL

© Alba Chruthachail 2015

Chan fhaod pàirt sam bith den  
fhoillseachadh seo ath-thoradh  
ann an cruth sam bith gun chead



### Co-ionannachd Chothroman

Tha Alba Chruthachail a' cur an cèill poileasaidh co-ionannachd chothroman. Tha slighe a-steach do chiorramaich aig na h-oifisean againn. Tha cuid de fhoillseachaidhean rim faotainn ann an Gàidhlig, Albais, clò mòr, Braille no cruth clastinn. Cuiribh fios gu 0845 603 6000 le ceistean. Le Typetalk curibh 18001 ron àireamh-fòn. Airson luchd-iarrtais BSL, cleachdaibh [www.contactscotland-bsl.org](http://www.contactscotland-bsl.org)

Tha am plana seo air a thoirt gu buil ann an cruth eileagtronaigeach le Alba Chruthachail - feuch gum beachdaich sibh air an àrainneachd agus na bithibh a' clò-bhualadh mura h-eil e deatamach.

# LIUBHAIRT SEIRBHEIS MHATHAIS

## Ar n-Ìrean Mathais

Tha sinn ag amas air seirbheis àmail, cuideachail agus àrd-ghnèitheil a liubhairt mar phàirt de ar n-obair ann an cur taic ris na h-ealain, ri sgriona agus na gnìomhachasan cruthachail air feadh gach ceàrnaidh de dh'Alba às leth gach neach a tha a' còmhnaidh, ag obair no a' tadhal an seo.

Tha sinn an-còmhnaidh a' strì ri dhèanamh cinnteach gu bheil ar modhan obrachaidh cothromach, fosgarra, cunntachail agus èifeachdach.

## Ar Luachan

### Co-obrachadh

Bidh sinn ag èisteachd ri feumalachdan chàich agus ag obrachadh ann an com- pàirteachas tarsainn gach taobh den bheatha phoblaich.

### Dealas

Tha sinn a' cur suim mhòr anns na h-ealain, sgriona agus sna gnìomhachasan cruthachail ann an Alba agus tha sinn dealasach a thaobh an soirbheachaidh agus an leasachaidh leantainnich.

### Earbsa

Togaidh sinn dàimhean stèidhichte air cothromachd, fosgarrachd agus spèis co- ionann, a' co-roinneadh ar n-eòlais agus ar dìoghras.

### Eòlas

Tha sinn a' càradh eòlas agus ealantas tarsainn raon de chruthan ealain is speisealachaidh aig cridhe ar buidhne, agus tha sinn a' sireadh ri bhith nar buidheann a tha gu leantainneach ag ionnsachadh, ag atharrachadh agus a' leasachadh ar modh-obrachaidh.

## Maoineachadh

A Is e prìomh phàirt de dhleastanas Alba Chruthachail a bhith a' solarachadh taic maoineachaidh do na h-ealain, sgrìona agus gnìomhachasan cruthachail ann an Alba, a thuilleadh air ar dleastanas mar thagraiche, buidheann leasachaidh agus neach-buaidh às leth roinn chultarach Alba.

Bidh sinn a' riarachadh maoineachaidh bho dhà phrìomh thùs: Riaghaltas na h-Alba agus An Crannchur Nàiseanta.

Gheibhear fiosrachadh mu na slighean maoineachaidh againn agus mar a nithear tagradh air an son, an seo: **[www.creativescotland.com/funding](http://www.creativescotland.com/funding)**

Gheibh gach tagradh maoineachaidh a chuirear gu Alba Chruthachail fios air ais an taobh a-staigh 10 làithean obrach.

Tha sinn cuideachd ag amas air cumail ris na raointean-ama a tha air am foillseachadh a thaobh measadh agus co-dhùnadh air na tagraidhean sin. Lorgar na raointean-ama sin anns an stiùireadh maoineachaidh againn, an seo: **[www.creativescotland.com/fundingprogrammes](http://www.creativescotland.com/fundingprogrammes)**

A thaobh tagraichean a tha soirbheachail, aon uair 's gu bheil cumhachan maoineachaidh sam bith air an coileanadh, agus fiosrachadh sam bith eile air am bi feum againn air fhaotainn, bidh sinn ag amas air pàigheadh a-mach an taobh a-staigh 10 làithean obrach bho chuirear brath mun bhuileachadh air maoineachadh.

Tha sinn a' faotainn barrachd thagraidhean na as urrainn dhuinn a choileanadh a thaobh gach aon de ar slighean maoineachaidh. Ach, nì sinn ar dìcheall ar co-dhùnadh a mhìneachadh do thagraichean nach eil soirbheachail leis an tagradh aca.

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu na tha sinn air a mhaoineachadh, bidh sinn a' foillseachadh làn liosta de na duaisean uile a tha air am buileachadh, air an làraich-lìn. Gus na liostaichean sin fhaicinn, rachaibh gu: **[www.creativescotland.com/awardlistings](http://www.creativescotland.com/awardlistings)**

# CONALTRADH LEINN

**Nì sinn cinnteach gum bi ar conaltraidhean uile proifeiseanta agus modhail an-còmhnaidh. Tha sinn a' gleidheadh na còrach gun freagairt a thoirt do chonaltraidhean sam bith (ann an cruth sam bith, a' gabhail a-steach na meadhanan sòisealta), a tha tha sinn a' meas gu bhith ana-cainnteach, draghail no mì-ìomchaidh a thaobh susbaint no cainnt.**

## Conaltradh sgrìobhte

Tha sinn ag amas air conaltradh sgrìobhte uile a fhreagairt cho luath 's a ghabhas, agus ann an co-rèir ri cinn-ama reachdail a dh'fhaodadh a bhith riatanach (m.e. le iarrtasan a thaobh Gearanan agus Saorsa Fiosrachaidh).

Freagraidh sinn puist-d an taobh a-staigh còig làithean obrach bhon cheann-latha a gheibhear iad, agus litrichean is conaltradh eile an taobh a-staigh 10 làithean obrach.

Far am feum sinn comhairleachadh le càch no fiosrachadh a thional, dh'fhaodadh gun toir sinn beagan nas fhaide, ach anns a leithid sin de shuidheachadh, cuiridh sinn fios mu choinneamh ur ceist agus innsidh sinn dhuibh cuin a bhios freagairt iomlan ga chur thugaibh.

## Gairmean fòn

Tha neach-obrach aig a' bhòrd-seinnse againn bho Dhiluain gu Dihaoine bho 9m gu 5f. Taobh a-muigh nan uairean sin, bidh inneal freagairt a' claradh gairmean fòn. Mura h-eil e comasach do neach-obrach an gairm fòn agaibh a fhreagairt, faodaidh sibh teachdaireachd fhàgail aca.

Freagraidh sinn ceistean fòn an taobh a-staigh còig làithean obrach.

## Luchd-tadhail

Ann a bhith a' tadhal air togalaichean Alba Chruthachail ann an Dùn Èideann no Glaschu, cuirear fàilte oirbh aig an ionad-fàilteachaidh againn far an iarrar oirbh ur n-ainm a chlàradh agus bheirear dhuibh baidse neach-tadhail.

Airson adhbharan tèarainteachd, bidh ball den luchd-obrach an-còmhnaidh còmhla ribh air feadh an togalaich. Nuair a bhios sibh a' fàgail an togalaich, iarrar oirbh am baidse a thilleadh agus ur n-ainm a chlàradh san dol a-mach.

Gheibhear fiosrachadh mu shlighe a-steach do luchd-tadhail a tha ciorramach air an làraich-lìn againn **an seo**

## Meadhanan Sòisealta

Tha sinn a' cur fàilte air beachdan bho luchd-cleachdaidh nam meadhanan sòisealta a thaobh an fhiosrachaidh agus an t-susbaint a bhios sinn a' postadh air ar sianalan mheadhanan sòisealta, gu h-àraid Twitter

**([twitter.com/creativescots](https://twitter.com/creativescots))** agus Facebook

**([www.facebook.com/CreativeScotland](https://www.facebook.com/CreativeScotland)).**

Tha ar sianalan mheadhanan sòisealta gan sgrùdadh aig uairean obrach bho 9m gu 5f, Diluain gu Dihaoine, agus bidh sinn ag amas air ceistean, beachdan no farraidean sam bith a fhreagairt cho luath 's a ghabhas.

## Seirbheis Cheistean

Tha ar Seirbheis Cheistean a' solarachadh dhaoine agus bhuidhnean a tha ag obair no aig a bheil ùidh anns na h-ealain, sgriona no gnìomhachasan cruthachail, le raon fharsaing de dh'fhiosrachadh, gu h-àraid air maoinachadh.

Gheibhear fiosrachadh mu ar seirbheis cheistean an seo:

**[www.creativescotland.com/contact-us](http://www.creativescotland.com/contact-us)**

Tha an t-seirbheis a' dèiligeadh le timcheall air 12,000 farraid gach bliadhna agus tha na loidhnichean fòn fosgailte Diluain gu Dihaoine bho 10m gu 12f agus 2f gu 4f.

Mura h-eil ar luchd-obrach comasach air ur freagairt, no taobh a-muigh nan uairean sin, faodaidh sibh teachdaireachd fhàgail agus tillidh sinn thugaibh cho luath 's a ghabhas.

Rannsaichidh sinn agus freagraidh sinn na ceistean uile an taobh a-staigh còig làithean obrach, a rèir cho toinnte agus a tha iad.

Far am feum sinn comhairleachadh no fiosrachadh a thional, dh'fhaodadh gun toir sinn beagan nas fhaide ach anns a leithid sin de shuidheachadh, cuiridh sinn fios thugaibh mun cheist agaibh agus innsidh sinn dhuibh cuin a gheibh sibh làn fhreagairt.

## Làrach-lìn agus Foillseachaidhean

Tha an làrach-lìn againn air a deilbh gus ìrean ruigsinneachd a lìbhrigeadh, a lorgar an seo: **[www.creativescotland.com/accessibility](http://www.creativescotland.com/accessibility)**

Tha sinn cuideachd ag obrachadh ‘didseatach gu bunaitich’ a tha a’ bualadh air ar foillseachaidhean corporra uile agus air na stuthan adhartachaidh a bhios sinn a’ toirt gu buil gus taic a chur ris an obair a tha sinn a’ maoineachadh. Tha seo a’ ciallachadh nach bi sinn a’ leasachadh stuthan clò-bhuailte ach nuair a dh’fheumar, a rèir an stuth chuspaireil no an luchd-èisteachd/amhairc. Air neo, tha foillseachaidhean air an leasachadh ann an cruth didseatach a-mhàin no mar shusbaint eadar-lìn.

Tha foillseachaidhean uile air an toirt gu buil an taobh a-staigh nan riaghailtean lèirsinneach againn fhìn, a’ dèanamh cinnteach à ruigsinneachd agus so-leughachd a thaobh clò, meud clò, paileat datha agus cleachdadh air ìomhaighean. Faodar foillseachaidhean fhaotainn cuideachd ann an Gàidhlig, Albais, clò mòr, Braille no cruth claidinn, le iarrtas gu Ceistean air **0845 603 6000**.

# CONALTRADH LEINN - GEÀRR-IOMRADH AIR ÙINEACHAN FREAGAIRT

Modh Conaltraidh	Ùine freagairt
Conaltradh puist-d	<b>An taobh a-staigh 5 làithean obrach</b> Far a bheil làn fhreagairt buailteach toirt nas fhaide, cuiridh sinn fios thugaibh agus bheir sinn dhuibh raon-ama.
Conaltradh sgrìobhte	<b>An taobh a-staigh 10 làithean obrach</b> Far a bheil làn fhreagairt buailteach toirt nas fhaide, cuiridh sinn fios thugaibh agus bheir sinn dhuibh raon-ama.
Ceistean Fòn	<b>An taobh a-staigh 5 làithean obrach</b>
Cur a-steach Tagradh Maoineachaidh	<b>Fios air ais an taobh a-staigh 10 làithean obrach</b>
Seirbheis Cheistean	<b>An taobh a-staigh 5 làithean obrach</b> Far a bheil làn fhreagairt buailteach toirt nas fhaide, cuiridh sinn fios thugaibh agus bheir sinn dhuibh raon-ama.
Iarrtasan Saorsa Fiosrachaidh	<b>An taobh a-staigh 20 latha obrach</b>



---

---

# CO-IONANNACHD AGUS IOMADACHD

---

---

Chaidh an Aithisg Cho-ionannachdan, Iomadachd agus In-ghabhail 2015 aig Alba Chruthachail fhoillseachadh sa Ghiblean 2015. A' còmhach nam feartan air an dìon uile, tha an aithisg seo a' nochdadh an adhartais a tha sinn a' dèanamh gus co-ionannachdan sa bhuidheann agus anns na h-ealain, sgriona 's na gnìomhachasan cruthachail a phrìomh-shruthadh, agus ar Builean Co-ionannachd 2013-17 a liubhairt.

Tha an aithisg seo na riatanas reachdail den Achd Co-ionannachd 2010. Tha 'dleastanas coitcheann' na h-Achd Co-ionannachd ag iarraidh gum bi urram iomchaidh aig ùghdarrasan ionadail, a' gabhail a-steach Alba Chruthachail, ann an coileanadh an dleastanasan don fheum air:

- Cur às do leth-breith mì-laghail, sàrachadh is fulangachadh agus giùlain eile a tha mì-cheadaichte leis an Achd Co-ionannachd 2010.
- Co-ionannachd chothroman adhartachadh eadar daoine a tha a' co-roinneadh feart buntainneach air a dhìon agus iadsan nach eil.
- Dàimhean matha a bhrosnachadh eadar daoine a tha a' co-roinneadh feart air a dhìon agus iadsan nach eil.

Faodar tuilleadh fiosrachaidh mun mhodh-obrach againn a thaobh Co-ionannachdan agus an aithisg shlàn a leughadh an seo:

**[www.creativescotland.com/equalities](http://www.creativescotland.com/equalities)**

Tha Alba Chruthachail a' cur an gnìomh poileasaidh co-ionannachdan chothroman. Tha Alba Chruthachail a' cumail sùil air Co-ionannachdan agus Iomadachd nar suidheachadh cosnaidh agus nar maoinachadh gus fiosrachadh a thional mun deidhinn-san a tha a' cleachdadh ar seirbheisean.

---

---

# SAORSA FIOSRACHAIDH

---

---

Tha Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002 air a deilbh gus cultar de fhosgarrachd is cunntachalachd adhartachadh am measg bhuidhnean san roinn phoblaich le bhith a' solarachadh cothrom do dhaoine air an fhiosrachadh a tha air a chumail leis na buidhnean sin.

Faodar fiosrachadh sam bith air a ghleidheadh le Alba Chruthachail iarraidh fo Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba). Tha e cudromach a ràdh gum faod saoradh a bhith air a chur an sàs, ach cha bhi sinn a' cleachdadh a leithid sin ach nuair a tha e do-sheachanta.

Dh'fhaodadh eisimpleir den seo a bhith far a bheil am fiosrachadh de nàdar connspaideach gu malairteach.

Faodar iarrtasan airson saorsa fiosrachaidh a chur a-steach le fios a chur gu: **[communications@creativescotland.com](mailto:communications@creativescotland.com)**

---

---

## GEARANAN

---

---

Tha sinn a' tuigsinn gum faod amannan a bhith ann nuair a thèid cùisean ceàrr agus gum faodadh nach eil daoine toilichte leis an t-seirbheis a fhuair iad.

Ma thachras seo, nì sinn nas urrainn dhuinn gus a' cheist a rannsachadh agus a chur ceart cho luath 's a ghabhas.

Tha ar Modh Làimhseachaidh Ghearanan ri fhaotainn air an làraich-lìn againn an seo: **[www.creativescotland.com/complaints](http://www.creativescotland.com/complaints)**

---

---

# DÌON DÀTA

---

---

Tha Alba Chruthachail dealasach a thaobh dìon a chur air còraichean is prìobhaideachd dhaoine fa leth ann an co-rèir ris an Achd Dìon Dàta 1998. Feumaidh sinn fiosrachadh sònraichte a ghiullachd mu dheidhinn ar luchd-obrach, luchd-ceannach, agus daoine fa leth eile leis am bi sinn a' dèiligeadh airson adhbharan rianachd. Gus gèilleadh don Achd, feumaidh fiosrachadh a thèid a thional mu dhaoine fa leth a bhith air a chleachdadh ann an dòigh chothromach, air a stòradh gu sàbhailte agus gu tèarainte agus gun a bhith air fhoillseachadh do threas phàrtaidh gu mì-laghail.

Tha a' chòir agaibh iarraidh oirnn innse dhuibh ma tha sinn a' cleachdadh fiosrachadh pearsanta sam bith co-cheangailte ribh agus lethbhreac den sin a thoirt dhuibh. Gheibh sibh a-mach mar a nì sibh seo, an seo: [www.creativescotland.com/dataprotection](http://www.creativescotland.com/dataprotection)

---

---

# SGRÙDADH AGUS LEASACHADH AR N-ÌREAN SEIRBHEIS

---

---

Tha sinn dealasach a thaobh ar luchd-ceannach a sholarachadh le seirbheisean àrd-ghnèitheil anns an dòigh as èifeachdaiche agus as buadhaiche 's a ghabhas a dhèanamh.

Bidh sinn ag ath-sgrùdadh ar coileanaidhean seirbheis gach bliadhna, a' cumail sùil orra agus ag aithris man deidhinn san Aithisg Bhliadhnail againn.

Bidh sinn cuideachd a' gabhail suirbhidh dà-bhliadhnail os làimh de ar tagraichean thabhartasan gus ar seirbheis a mheasadh, agus tha an t-suirbhidh seo a' tional fiosrachaidh air ais bho luchd-ùidh a thaobh ar n-obair ann am farsaingeachd. Bidh sinn a' cleachdadh an ais-fhiosrachadh seo gus càileachd na seirbheis a tha sinn a' liubhairt a leasachadh.

---

---

# MAR A CHUIREAS SIBH FIOS THUGAINN

---

---

Gheibhear am fiosrachadh taic againn an seo:

**[www.creativescotland.com/contact-us](http://www.creativescotland.com/contact-us)**

Tha liosta den luchd-obrach fiosrachaidh againn ri fhaotainn an

**seo: [www.creativescotland.com/staff](http://www.creativescotland.com/staff)**

Gheibhear liosta gairm dìreach gun luchd-obrach uile an seo:

**[www.creativescotland.com/contact-us/staffcontacts](http://www.creativescotland.com/contact-us/staffcontacts)**

Faodar fios a chur gu ar Seirbheis Cheistean an seo:

**[enquiries@creativescotland.com](mailto:enquiries@creativescotland.com)**

**0845 603 6000**

Faodaidh sibh gairm fòn a chur thugainn air :

**0330 333 2000**

Is e seòladh na prìomh oifis againn:

**Alba Chruthachail**

**Geata Waverley**

**2 - 4 Ionad Bhatarlù**

**Dùn Èideann EH1 3EG**

**Alba**

Is e seòladh ar n-oifis ann an Glaschu:

**Alba Chruthachail**

**249 Sràid Sheòrais an Iar**

**Glaschu G2 4QE**

**Alba**